

Tìotal an aonaid: Sgrùdaidhean Albannach: Sùil air
Alba (SCQF ìre 3)

SCQF: sia puingean-creideis SCQF

Còd na Duaise: H3YP 43

Dealbh-iomail den aonad

Seo aonad èigneachail ann an *Duais nan Sgrùdaidhean Albannach* aig SCQF ìre 3. Faodar a ghabhail mar Aonad fa leth cuideachd.

Is e amas coitcheann an Aonaid seo leigeil le luchd-ionnsachaidh an cuid eòlais air Alba agus daoine, cànan, comann-sòisealta, cultar, àrainneachd nàdarra is thogte agus/no dualchas a leudachadh. Leasaichidh luchd-ionnsachaidh cuideachd, le taic riaghailteach, na sgilean gus aontaidhean a thoirt a-mach, a' cleachdadh fiosrachaidh is ghoireasan, agus sgilean bunaiteach beachdachaidh a tha cudromach do dh'ionnsachadh neo-eisimeileach soirbheachail. Nì iad seo le bhith a' dealbhadh is a' crìochnachadh gnìomhachd a' sealltainn air Alba. Sa ghnìomhachd bidh nochdadh fiosrachaidh ann an riochd, mar eisimpleir, sgrìobhte, labhairt agus/no dealanach, no tro chluich no chruthachadh ball-ceàirde.

Bidh luchd-ionnsachaidh a chuireas crìoch air an Aonad seo comasach air:

- 1 Gnìomhachd a' sealltainn air Alba a dhealbhadh agus a chriochnachadh
- 2 Beachdachadh air na dh'ionnsaich iad mun chuspair Albannach aca ri linn na gnìomhachd

Bu chòir Sònrachadh an Aonaid seo a leughadh le *Notaichean-taice an Aonaid*, a bheir comhairle is stiùireadh mu libhrigeadh, dhòighean-measaidh agus leasachadh sgilean a thaobh ionnsachaidh, sgilean-beatha agus sgilean-obrach.

Inntrigeadh air a mholadh

Tha inntrigeadh an urra ris an ionad. Ach faodaidh gum faigh oileanaich buannachd ma bhios an cuid sgilean, eòlais is tuigse buntainneach do na leanas no co-ionann ris:

- Aonad no Aonadan a chuireas ri *Duais nan Sgrùdaidhean Albannach* aig SCQF ìre 3

A thaobh ionnsachaidh is fiosrachaidh ro làimh, faodaidh gun dèan fiosrachadh is toraidhean buntainneach bunait airson an Aonaid seo.

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Chaidh Sònrachadh an Aonaid seo a dhealbhadh gus a dhèanamh cinnteach nach eil bacaidhean gun adhbhar air ionnsachadh no air measadh. Bu chòir na feumalachdan fa leth a thaobh ionnsachaidh a bhios aig luchd-ionnsachaidh a chur anns an àireamh nuair a tha fiosrachadh a thaobh ionnsachaidh ga dhealbhadh, dòighean-measaidh gan taghadh no beachdachadh air fianais roghnach. Airson barrachd fiosrachaidh, faicibh *Notaichean-taice an Aonaid*.

Inbhean

Inbhean mu thoraidhean agus mu mheasadh

Toradh 1

Ni luchd-ionnsachaidh mar a leanas:

Gnìomhachd a' sealltainn air Alba a dhealbhadh is a chrìochnachadh le bhith

- 1.1 ag aontachadh mu amas air a thoirt seachad mu bhith a' leudachadh an eòlais a tha aca air Alba
- 1.2 ag aontachadh mu gnìomhachd a chuidicheas riutha gus an t-amas seo a thoirt gu buil
- 1.3 ag aontachadh mun fhiosrachadh is mu na goireasan sònraichte a bhios a dhìth gus a' gnìomhachd a chrìochnachadh
- 1.4 a' cleachdadh an fhiosrachaidh is nan goireasan a chaidh aontachadh gus a' gnìomhachd a chrìochnachadh ann an dòigh a chuidicheas riutha gus an t-amas aca a thoirt gu buil

Toradh 2

Ni luchd-ionnsachaidh mar a leanas:

Beachdachadh air na dh'ionnsaich iad mun chuspair Albannach aca ri linn na gnìomhachd le bhith

- 2.1 a' comharrachadh na dh'ionnsaich iad mun chuspair Albannach aca gu bunaiteach
- 2.2 a' cur na dh'ionnsaich iad an cèill ann an dòigh a tha iomchaidh

Feumalachdan a thaobh Fianaise airson an Aonaid

Tha feum air fianais gus leigeil fhaicinn gun tug luchd-ionnsachaidh an dà Thoradh agus na h-Inbhean-measaidh air fad airson an Aonaid seo gu buil.

Bu chòir do luchd-teagaisg am breitheanas dreuchdail, an t-eòlas is am fiosrachadh a tha aca air a' chuspair, agus an tuigse air luchd-ionnsachaidh a chleachdadh gus na dòighean as fhreagarraiche gus an fhianais a tha a dhìth a thoirt, agus amasan is gnìomhachdan iomchaidh, obrachadh a-mach.

Aig an ìre seo, bu chòir do luchd-ionnsachaidh aontachadh mun amas, mu gnìomhachd, agus mun fhiosrachadh is mu na goireasan sònraichte a bhios a dhìth orra leis an neach-teagaisg aca. Feumaidh an t-amas leigeil leotha an t-eòlas a tha aca air Alba cheana a leudachadh, seach dìreach a dhaingneachadh.

Bidh gnìomhachdan iomchaidh an crochadh air na goireasan a tha rim faighinn, air an amas a dh'aontaich luchd-ionnsachaidh agus na roghainnean, neartan is sgilean fa leth aca. Faodaidh a' gnìomhachd a dhèanamh air leth no ann am buidheann. Ma thèid aonta a chur ri gnìomhachd-buidhne, feumaidh ionadan dèanamh cinnteach gum bi an

cothrom aig a h-uile neach-ionnsachaidh an cuid fianais fhèin a nochdadh gus an dà Thoradh agus na h-Inbhean-measaidh air fad a chòmhdach.

Gheibhear eisimpleirean de dh'amasan iomchaidh leis na gnìomhachdan nan lùib sna *Notaichean-taice* airson Sònrachadh an Aonaid seo.

Faodaidh luchd-teagaisg seòladh sònraichte a thoirt do luchd-ionnsachaidh a chuidicheas riutha gus amasan, gnìomhachdan, fiosrachadh is goireasan aontachadh. Bu chòir fianais a leigeas fhaicinn gu bheil luchd-ionnsachaidh air an cuid gnìomhachdan a dhealbhadh is a chrìochnachadh a bhith air a thional aig ìrean iomchaidh san Aonad a rèir mar a leasaicheas iad am fiosrachadh agus na sgilean a tha a dhìth. Feumaidh ionadan dèanamh cinnteach gur h-e obair gach neach-ionnsachaidh iad fhèin a tha san fhianais seo.

Tha pasgain *Taic-measaidh* an Aonaid seo a' toirt seachad eisimpleirean de dhòighean-measaidh. Tha comhairle is stiùireadh mu dhòighean eile gus measadh a dhèanamh e gan toirt cuideachd ann an *Notaichean-taic Aonad nan Sgrùdaidhean Albannach: Sùil air Alba (SCQF ìre 3)*.

Leasachadh sgilean-ionnsachaidh, sgilean-beatha, agus sgilean-obrach

Thathar an dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann san Aonad seo. Tha na sgilean a dh'fhaodas a bhith iomchaidh airson an Aonaid seo stèidhichte air *Frèam Sgilean: Sgilean-ionnsachaidh, Sgilean-beatha agus Sgilean-obrach* ÙTA agus air an tarraing bho na raointean-eòlais a tha air ainmeachadh gu h-iseal. Faodar iad seo a chur ris an Aonad nuair a bhios cothroman iomchaidh ann.

3 Slàinte is Fallaineachd

3.1 Ionnsachadh Pearsanta

4 Comas-cosnaidh, iomairt is saoranachd

4.4 Iomairt

4.6 Saoranachd

5. Sgilean-smaoineachaidh

5.1 Cuimhneachadh

5.2 Tuigsinn

5.3 Cur an gnìomh

5.5 Cruthachadh

Tha barrachd fiosrachaidh orra seo ga thoirt ann am *Frèam Sgilean: Sgilean-ionnsachaidh, Sgilean-beatha agus Sgilean-obrach* ÙTA. Bu chòir gum biodh ìre nan sgilean seo aig ìre SCQF an Aonaid agus air an aon rèir ri tuairisgeul ìre SCQF. Tha barrachd fiosrachaidh mu chur ri sgilean-ionnsachaidh, sgilean-beatha agus sgilean-obrach ga thoirt ann an *Notaichean-taice Duais nan Sgrùdaidhean Albannach: Sùil air Alba (SCQF ìre 3)*.

Fiosrachadh rianachdail

Sàr-chlas: ri chur an cèill

Eachdraidh nan atharrachaidhean

Tionndadh	Tuairisgeul mun atharrachadh	Air a cheadachadh le	Ceann-latha

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013

Faodar an sònrachadh seo amhlachadh gu h-iomlan no gu ìre air adhbharan foghlaim fhad is nach tig prothaid sam bith às an amhlachadh agus, ma thèid amhlachadh gu ìre, gun tèid an tùs aithneachadh. Faodar copaidhean a bharrachd den Aonad seo luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn ÙTA www.sga.org.uk.

Thoiribh fa-near: Thathar a' moladh gun seall luchd-leughaidh air làrach-lìn ÙTA gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' cleachdadh an tionndaidh as ùire de Shònrachadh an Aonaid.